

Ro-ràdh



John F McClelland CBE
Cathraiche



Mark Batho
Àrd Oifigear

Tha ionnsachadh, rannsachadh agus ùr-ghnàthachadh aig cridhe Amas Riaghaltas na h-Alba agus am Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta aige. Tha phàirt dheatamach aig colaistean, oilthighean agus ionadan foghlam àrd-ìre eile na h-Alba ri chluich ann a bhith a' cumail taic agus a' leasachadh beatha eaconamach, catharra, sòisealta agus cultarail na h-Alba. Cha robh an cuideachadh sin a riamh cho cudromach 's a tha e aig an àm seo an uair a tha an eaconamaidh a' crìonadh.

Tha Comhairle Maoinachaidh na h-Alba ann an suidheachadh sònraichte gus a bhith a' tasgadh maoin ann an dòigh ro-innleachdail ann an solar raon nan colaistean agus nan oilthighean. Tha e comasach dhan chomhairle sin a dhèanamh ann an dòighean a tha a' cumail taic agus a' toirt cothrom do cholaistean agus oilthighean – air leth agus an com-pàirteachas – gus prògram foghlaim a libhrigeadh a tha tabhann solar rianail de dh'àrd chàileachd do luchd-ionnsachaidh air feadh na h-Alba agus ann an dòighean a tha a' cuideachadh oilthighean gus pàirt a ghabhail ann an rannsachadh a tha aig sàr ìre san t-saoghal.

Tha sinn ag àrdachadh agus a' tasgadh maoin ann am foghlam adhartach agus àrd-ìre a tha taobh a-staigh àrainn ionnsachadh fad-beatha – a' toirt làn aire do chlàr a' *Churraicealam airson Sàr-mathais* aig Riaghaltas na h-Alba – a tha a' gabhail a-steach sgoiltean, foghlam coimhearsnachd, luchd-trèanaidh prìobhaideach agus an àite-obrach. Tha sinn a' toirt taic do libhrigeadh phrògraman ionnsachaidh ann an colaistean is oilthighean a tha a' solar slighe fhurasta agus shùbailte gu agus tro foghlam adhartach agus

àrd-ìre – agus tha sinn a' tasgadh maoin ann an dòigh innleachdail gus an tèid an t-sàr ainm a tha aig Alba gu h-eadar-nàiseanta airson sàr-mhathais ann an teagasg agus rannsachadh a chumail suas.

Tha ar bun-reachdas a' toirt cothrom don Chomhairle solar innleachdail a stèidheachadh air feadh raon nan colaistean agus nan oilthighean. Tha e cuideachd a' toirt dhuinn inbhe shònraichte ann a bhith a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air cùisean a tha a' beantainn ri foghlam adhartach is àrd-ìre.

Chaidh cuideam ùr a chuir air ar dreuchd mar 'thagradair atharrachail' ann an raon nan oilthighean le Riaghaltas na h-Alba ann an 2008 an dèidh aithisg Buidheann Gnìomh air Co-bhreithneachadh an lùib nan Oilthighean: *Fradharc ùr*. Bha e soilleir san aithisg gu bheil àite deatamach againn ri chluich ann a bhith a' toirt gu buil prìomh iomairtean innleachdail air an leasachadh ann an com-pàirteachas le oilthighean agus, far a bheil e iomchaidh, le colaistean.

Aig an aon àm, mhol an aithisg gum bu chòir dòigh 'dèiligidh na b' aotroma' a bhith aig a' Chomhairle a thaobh ar càirdeas ri oilthighean; agus bhrosnaich e dòigh na bu shùbailte is na bu cho-fhreagraiche a thaobh maoinachaidh.

Mar sin, 's e ar n-amas maoin a thasgadh ann an raon fharsaing ach so-thuigsinn de sholar, air a libhrigeadh le institiùdan le raon de mhiseanan agus de spèisealachdan a tha ag amas an còmhnaidh air a bhith dèanamh cinnteach, bho thaobh oileanach, gu bheil dòigh ruigsinn aca air solar a tha iomchaidh dhaibh anns an àite cheart aig an àm cheart.